



Teisteanais
Nàiseanta
EISIMPLEIR A-MHÀIN

S837/77/11

Eachdraidh

Deit — Gun-bhuinteanas

Ùine — 3 uairean a thìde

Comharran gu lèir — 90

Feuch AON roinn a-mhàin.

Feuch an DÀ phàirt den roinn a thaghas tu.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



* S 8 3 7 7 7 1 1 *

ROINN 1 — Breatainn a Tuath: bho Linn an Iarainn gu 1034	duilleag 03
ROINN 2 — Alba: neo-eisimeileachd agus rìoghrachas, 1249–1334	duilleag 07
ROINN 3 — Alba: bho Chùmhnant an Aonaidh chun an t-Soillseachaidh, 1707–1815	duilleag 11
ROINN 4 — Na SA: ‘taigh air a sgaradh’, 1850–1865	duilleag 15
ROINN 5 — Iapan: nàisean air a h-ath-nuadhachadh, 1840–1920	duilleag 19
ROINN 6 — A’ Ghearmailt: deamocrasaidh gu deachdaireachd, 1918–1939	duilleag 23
ROINN 7 — Afraga a Deas: cinneadh agus cumhachd, 1902–1984	duilleag 27
ROINN 8 — An Ruis: bho Tsarism gu Stalinism, 1914–1945	duilleag 31
ROINN 9 — Cogadh Catharra na Spàinn: adhbharan, còmhstri agus buil, 1923–1945	duilleag 35
ROINN 10 — Breatainn: ann an cogadh agus sìth, 1938–1951	duilleag 39

ROINN 1 — Breatainn a Tuath: bho Linn an Iarainn gu 1034

Feuch an DÀ phàirt

Pàirt A — CÙISEAN EACHDRAIDH — 50 comharra

Feuch DÀ cheist.

1. Dè an ìre gun robh gach eileamaid de chomann-sòisealta Linn an Iarainn stèidhichte air àiteachas? 25
2. ‘Chan eil an Riaghladair Agricola tuilleadh ri bhith a’ faighinn a’ chliù airson na buaidh a fhuair Flavius ann am Breatainn a tuath.’
Dè cho fìor ’s a tha am beachd seo air dreuchd Agricola sa bhuidh a fhuair Flavius? 25
3. Dè cho cudromach ’s a bha buaidh an iompachaidh gu Crìosdaidheachd air muinntir Bhreatainn a tuath san linn an dèidh nan Ròmanach? 25
4. ‘Fhuair Breatainn treas treubh, agus b’ e sin na h-Èireannaich (na Scotti).’
Dè cho iomchaidh ’s a tha am beachd seo air freumh nan Albannach? 25
5. Dè an ìre gun robh cruthachadh Alba mar thoradh air uachdranachd chultarail nan Albannach thairis air na Cruithnich? 25

[Tionndaidh an duilleag

ROINN 1 — Breatainn a Tuath: bho Linn an Iarainn gu 1034

Pàirt B — STÒRAN EACHDRAIDHEIL — 40 comharra

Dèan sgrùdadh air na Stòran gu h-ìosal agus feuch na trì ceistean a leanas.

Stòr A bho *British Archaeology*, Àireamh 54, deasaichte le Simon Denison (An Lùnastal 2000)

Tha nithean a chaidh a lorg às ùr aig dùn Vindolanda air Balla Hadrian air am beachd a dhaingneachadh gur dòcha gun robh an dùn air a chleachdadh mar champa phrìosanach Ròmanach san 3^m linn. Chaidh sreathan cùl-ri-cùl de bhothain chruinn chloiche, ann an stoidhle dùthchasach, a lorg san oisean an iar-dheas den dùn . . . dh'fhaodadh gun robh 300 bothan ann, le suas ri 2,000 prìosanach a' fuireach annta. A rèir Stiùiriche Urras Vindolanda, 's iongantach mura buineadh na bothain do linn an Ìmpire Septimius Severus. Thug esan feachd ìmpireil leis airson ar-a-mach muinntir Bhreatainn a Tuath a chur fodha. Fhuair Severus gu math fada a-steach a dh'Alba san iomairt, ach cha do rinn e mòran adhartais oir dh'fhàs e tinn. Chaochail Severus an dèidh sin ann a' York ann an 211. Tha na sreathan bhothain gun choimeas aig dùn sam bith eile san Ìmpireachd. Tha cagailt ann am mòran dhiubh, ach cha deach càil eile a lorg oir chaidh an sguabadh 's an glanadh gu cunbhalach san t-seann aimsir.

Stòr B bho *The Wall, Rome's Greatest Frontier* le Alistair Moffat (2009)

Bha a' chuairt ìmpireil a dh'Alba agus a theis-meadhan tìr an nàmhaid gu bhith ag amas gu h-àraidh air a' chost an ear. Chaidh an dùn aig South Shields, aig beul an Tyne, atharrachadh gu bhith na ionad-solair mòr uabhasach agus chaidh fichead 's a trì sìol-lainn a thogail airson biadh a stòradh. Bhathar a' meas gun robh gu leòr ann do fheachd de 40,000 fear airson trì mìosan air an raon. B' e Tayside, fearann nam Maeatae, an targaid a bha san amas. Ann an 208 thàinig Septimius Severus a Bhreatainn le cuideachd airm bho iomadh lèigiun. Co-dhiù, cha deach blàr no buaidh chinnteach a chlàradh dhan fheachd mhòr. An àite cliù a chosnadh sa bhlàr, 's dòcha gur e pròiseactan mòra innleadaireachd – leithid drochaid thar Abhainn Tatha – a bha san amharc [aig Severus agus aig Caracalla] — agus mar a rachadh aig an fheachd Ròmanach air smachd fhaotainn air an tìr, agus air na daoine, le teicneòlas.

Stòr C bho *Orkneyinga Saga* (c 1230)

Aon shamhradh sheòl Rìgh Harald Finehair dhan iar thairis air a' Chuan a Tuath gu Arcaibh is Sealtainn. Bha e a' dol a thoirt leasan do chuid de Lochlannaich oir cha robh e airson cur suas ris na h-ionnsaighean aca càil nas fhaide. B' àbhaist na Lochlannaich seo a bhith a' toirt ionnsaigh air Nirribhidh as t-samhradh, agus bhiodh iad a' fuireach ann an Sealtainn agus ann an Arcaibh anns a' gheamhradh. Cheannsaich Rìgh Harald Sealtainn, Arcaibh agus Innse Gall. Sheòl iad sìos gu Eilean Mhanainn agus sgrìos iad a h-uile tuineachadh a bha an sin. Chuir e iomadh blàr an sin agus bhàsaich mòran. B' e Ívarrmac Iarla Rögnvaldr à Möer aon den fheadhainn a bhàsaich; mar sin nuair a sheòl Harald a Nirribhidh, thug e Arcaibh agus Sealtainn don Iarla Rögnvaldr mar ath-dhìoladh airson a mhic. Thug Iarla Rögnvaldr an dà dhùthaich dha bhràthair Sigurðr, a bha na cheannard bàta aig Rìgh Harald. Nuair a sheòl an rìgh air ais a Nirribhidh, thug e an tiotal Jarl do Sigurðr agus dh'fhuirich Sigurðr anns na h-eileanan.

Stòr D bho *Picts, Gaels and Scots* le Sally Foster (2004)

. . . ann an dùthaich nan Cruithneach, tha fianais againn gun robh rìghrean a' cur barrachd is barrachd cuideim air a bhith gan cur fhèin ann an òrdugh airson cogadh, oir bha bha iad air atharrachadh bho bhith ri creachadh, spùinneadh agus ragaireachd gu bhith a' cur cath. Bha sin a' cur feum air barrachd ghoireasan agus òrdugh armailteach. Mar eisimpleir, rinn iad oidhirp mhòr air eich a bhriodachadh agus stàbaill a dhèanamh dhaibh. Feumaidh gur e cuideigin cudromach bhon teaghlach rìoghail a bha sa ghille-each a ch'inn cuide ris a' bhoireannach air leac-croise Bhaile a' Chnuic . . . Feumaidh gum biodh goireasan a bharrachd a dh'fheumadh airson gaisgich a shaoradh airson diùtaidh pàirt ùine no làn ùine. Dh'fhaodadh ionnsaigh armailteach a bhith air a cleachdadh — agus bha e sin glè thrì — airson co-dhùnadh cò shealbhaicheadh no a gheibheadh ùghdarras air sgìre air choreigin; dh'fheumadh rìghrean a bhith làidir. Feumaidh gur ann mar seo a dhaingnich Bridei mac Beli rìoghrachas Cruithneach, agus feumaidh sinn gabhail ris gur ann mar seo a thàinig Cinead mac Ailpin gu cumhachd . . . Mar sin bha treunas armailteach air a chleachdadh airson cumhachd fhaighinn agus a chumail. Tha neo-stèidhealachd phoilitigeach, mharbhtach a' nochdadh tric anns an linn seo.

Feuch a H-UILE ceist.

6. Dè tha **Stòr A** agus **B** a' sealltainn mu dhiofar mhìneachaidhean air na dòighean a bha aig Severus air smachd a chumail air Breatainn a Tuath? 16
7. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr C** mar fhianais air an ìre gun robh smachd aig na Lochlannaich air na h-Eileanan a Tuath agus na h-Eileanan an Iar. 12
8. Dè cho slàn 's a tha **Stòr D** a' mìneachadh nàdar cogail comann-shòisealta nan Cruithneach? 12

[Tionndaidh an duilleag

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

ROINN 2 — Alba: neo-eisimeileachd agus rìoghrachas, 1249–1334

Pàirt A — CÙISEAN EACHDRAIDH — 50 comharra

Feuch DÀ cheist.

9. ‘Chaidh àibheiseachadh mòr a dhèanamh air soirbheachadh Rìgh Alasdair III ann a bhith a’ daingneachadh ùghdarras monarcachd na h-Alba.
Dè cho iomchaidh ’s a tha am beachd seo? 25
10. ‘B’ e gràin air an droch dhòigh san robh Sasainn a’ manaidseadh Alba a dh’adhbhraich am mì-thoileachadh ann an Alba ann an 1297.’
Dè cho fìor ’s a tha am beachd seo? 25
11. Dè an ìre gun robh an co-dhùnadh aig Iain Cuimean gèilleadh ann an 1304 air adhbhrachadh le trèigsinn Raibeirt Bhrus? 25
12. Dè an ìre gu bheil taic na h-Eaglais Albannaich a’ mìneachadh buaidh Raibeirt Bhrus anns a’ chogadh chatharra eadar 1306 agus 1309? 25
13. Dè an ìre gun do rinneadh Cùmhnant Dhùn Èideann-Northampton comasach ann an 1328 air sgàth ’s gun deach Eideard II a chur às a dhreuchd ann an 1327? 25

[Tionndaidh an duilleag

ROINN 2 — Alba: neo-eisimeileachd agus rìoghrachas, 1249–1334

Pàirt B — STÒRAN EACHDRAIDHEIL — 40 comharra

Dèan sgrùdadh air na Stòran gu h-ìosal agus feuch ris na trì ceistean a leanas a fhreagairt.

Stòr A bho *The Wars of Scotland 1214–1271* le Michael Brown (2004)

Faisg air deireadh na Sultain 1286, choinnich am Fear-gleidhidh Seumas Stiùbhart ri Raibeart Brus agus ri mhac, Iarla Charraig, aig caisteal an iarla sin ann an Turnberry . . . Bha iad le chèile iomagaineach mu neo-stèidhealachd nan Eileanan agus Èirinn. Bha an coinneachadh eadar na Brusaich agus Stiùbhart agus uncail, Walter, Iarla Mhenteith, Iarla Dhùn Bàrr agus Aonghas à Ìle na ghairm rola de theaghlaichean bhon iar. Bheireadh a' mhòr-chuid dhiubh an taic do thagradh Bhirus air an rìgh-chathair . . . Cha robh an aon inbhe aig an luchd-gleidhidh 's a th' aig rìgh san obair riatanach a dh'fheumar ann a bhith a' manaidseadh chòmhrisithean agus argamaidean am measg nan uaislean. An àite sin, bha iad glè thric air an tarraing a-steach dha na tachartasan sin . . . B' ann taobh a-muigh na Rìoghachd Aonaichte a bha fuasgladh gach iomagain air an taobh a-staigh. 'S iongantach mura do dh'iarr an Luchd-gleidhidh taic bho Eideard. Mar athair anns na 1250an, chaidh faighneachd do dh'Eideard feuchainn ri stèidhealachd phoilitigeach fhaotainn ann an rìoghachd Alba bhon nach robh ceannard rìoghail oirre.

Stòr B bho *A Great and Terrible King: Edward I* le Marc Morris (2008)

B' e Raibeart Wishart, Easbaig Ghlaschu agus fear den Luchd-gleidhidh, a fhuair seachad an toiseach air an uabhas a chuir Eideard orra le bhith ag iarraidh a bhith na àrd-uachdaran air Alba. B' esan a chuir freagairt air ais às leth nan Albannach a bh' air an uabhasachadh. Thuir e nach robh e gu diofar dè ghèilleadh, no nach gèilleadh, iadsan mar luchd-gleidhidh sealach: cha b' urrainn duine freagairt a thoirt do dh'iartras cho cudromach ach rìgh Albannach. Thug an t-easbaig an aghaidh air Eideard airson na dòigh smaoineachaidh a bh' aige: cha robh e an urra riuthasan esan a dhearbhadh ceàrr; 's ann a bu chòir dhàsan dearbhadh gur esan a bha ceart. Chuir Wishart an cuimhne rìgh Shasainn gun robh còir gur e ridire-croise a bh' ann, agus nach robh e idir gu a bhuannachd a bhith a' bagairt cogadh air daoine gun dìon. Mar a shaoileadh duine, chuir sin an fhearg air Eideard . . . ged a bha an rìgh gun teagamh air a bhith an dùil gum biodh daoine an aghaidh na bha e ag iarraidh — agus sin an t-adhbhar gun do rinn e strì cho mòr a' chòir aige a dhearbhadh bho sgrìobhainn. Ach chuir e iongnadh air cho mòr 's a bha Alba na aghaidh, agus cha robh freagairt aige ach ionnsaigh a bhagairt . . . agus bha easbaig Chill Rìmhinn air a thuigsinn nach biodh ionnsaigh iomchaidh san t-suidheachadh.

Stòr C bho *Gesta Annalia II* a chaidh a chur ri *Chronicle of John of Fordun*, a chaidh a sgrìobhadh anmoch sa 14th linn

Chaidh aig Macduff air Iain, rìgh na h-Alba, a shuimeanadh gu pàrlamaid rìgh Shasainn ann an Lunnainn. A dh'aindeoin rìgh Shasainn agus a luchd-taic, nochd Iain, agus an dèidh bruidhinn ris an luchd-comhairleachaidh aige, cho-dhùin e gum freagradh e tro riochdaire [progsaidh]. Mar sin, nuair a chaidh an rìgh a ghairm agus a nochd an riochdaire, bha rìgh Shasainn na shuidhe sa chathair-bhreitheanais. Bha rìgh na h-Alba na shuidhe ri taobh rìgh Shasainn, Chan èisteadh rìgh Shasainn ris an riochdaire gus an èireadh rìgh na h-Alba bho àite, gun seasadh e sa chùirt air a bheulaibh agus gun toireadh e freagairtean dhan riochdaire aige le bheul fhèin. Choilean Iain na chaidh iarraidh air, agus an dèidh tàire agus mì-mhodh gu leòr bhon fheadhainn a bha an làthair, nach robh idir iomchaidh ri duine le inbhe rìoghail agus uasal, thug e mu dheireadh na freagairtean aige dhan riochdaire aige; an dèidh beannachd fhàgail aca, thill e dhachaigh agus e uabhasach brònach.

Stòr D bho *The Scottish Civil War* le Michael Penman (2002)

'S dòcha gun do chuir Brus an fhearg air nàimhdean a bh' aige roimhe ann an Alba le bhith a' feuchainn ri cur ris na fearainn aig Sir James Douglas mar àidseant a' Chrùn san iar-dheas (far an robh fearainn aig Soules agus aig cuid de na confedaraalach aige). Tha fios gun robh an fhearg air mòran ann an Alba cuideachd nuair a rinn an riaghaltas rìoghail mì-fheum den t-seula a-rithist agus a chaidh a' chùis a sparradh orra ann a bhith ag iarraidh gun toireadh na h-uaislean an aonta do Ghairm Obar Bhrothaig airson a chur chun na Pàpachd mu 6 Giblean 1320 . . . Ach bha Raibeart I, rud a ghabhas tuigsinn, gu mòr airson nach biodh uiread de chreideas ga thoirt dhan chunnart bhon teaghlach Balliol 's a bha co-gheall Soules a' dèanamh a-mach. Anns a' 'Phàrlamaid Dhubh', mar a chanar rithe, san Lùnastal 1320, far an deach na co-fhealltairean feuchainn, rinn Raibeart eisimpleir bhorb den fheadhainn a bha an sàs sa chùis. Chuir e Soules, Umfraville agus Bana-dhiùc Srath Èireann dhan phrìosan, agus chuir e Barclay à Breichinn gu bàs airson pàirt a ghabhail sa phlot gun rabhadh a thoirt dhan Chrùn. B' e dreach propaganda Bhirus a fhuair eachdraichean na h-Alba às dèidh na thachair agus a sgrìobh mu dheidhinn.

Feuch a H-UILE ceist.

14. Dè uiread 's a tha **Stòr A** agus **B** a' sealltainn mu na diofar mhìneachaidhean a bh' ann mun t-seòrsa dreuchd a bh' aig an Luchd-gleidhidh ann a bhith a' dìon neo-eisimeileachd Alba eadar 1286 agus 1292? 16
15. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr C** mar fhianais air na duilgheadasan a bh' aig Rìgh Iain nuair a bha e a' riaghladh. 12
16. Dè cho slàn 's a tha **Stòr D** a' mìneachadh nan dòighean a chleachd Raibeart I airson ùghdarras an riaghaltais aige a ghlèidheadh eadar 1314 agus 1320? 12

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

ROINN 3 — Alba: bho Chùmhnant an Aonaidh chun an t-Soillseachaidh, 1707–1815

Pàirt A — CÙISEAN EACHDRAIDH — 50 comharra

Feuch DÀ cheist.

17. Dè cho cudromach 's a bha modhan-obrach triathan an tombaca ann a bhith a' stèidheachadh Ghlaschu mar 'mòr-bhaile an tombaca air taobh an iar na Roinn Eòrpa'? 25
18. Dè an ìre gu bheil an ceannardas truagh aig Seumas Francis Stiùbhart, an Seann Tagraiche, a' mìneachadh mar a dh'fhàillig ar-a-mach nan Seumasach ann an 1715? 25
19. 'Bha am prìomh àite aig sgìrean bailteil air comann-sòisealta agus air eaconamaidh Alba ann an 1800.'
- Dè cho iomchaidh 's a tha am beachd seo air fàs bhailtean is mhòr-bhailtean ann an Alba san 18^{mh} linn? 25
20. Dè cho cudromach 's a bha Mòr-chaochladh na Frainge gu bhith a' mìneachadh aimhreit phoilitigeach ann an Alba sna 1790an? 25
21. Dè an ìre gu bheil Iain Cockburn à Ormiston airidh air a bhith air fhaicinn mar an duine a bu mhotha a chuir ri mòr-chaochladh an àiteachais ann an Alba? 25

[Tionndaidh an duilleag

ROINN 3 — Alba: bho Chùmhnant an Aonaidh chun an t-Soillseachaidh, 1707–1815

Pàirt B — STÒRAN EACHDRAIDH — 40 comharra

Dèan sgrùdadh air na Stòran gu h-ìosal agus feuch na trì ceistean a leanas.

Stòr A bho *The Forty Five: Jacobite Tactics* le J.M. Hill (1986)

Sheall Prestonpans gun robh na Gàidheil na b' innleachdaile an aghaidh nàmhaid nach d' fhuair trèanadh no stiùireadh gu leòr agus nach robh eòlach air dòigh sabaid nan Gàidheal. Bha Teàrlach cho toilichte leis cho math 's a rinn na feachdan aige 's gun robh beachd math aige riamh tuilleadh air gaisgeachd nan Gàidheal 's gun dèanadh iad a' chùis air a' cheithir uiread de fheachdan àbhaisteach'. Ach bha Teàrlach ga mhealladh fhèin ann a bhith a' coimeas gràisg Chope ris na feachdan a b' fheàrr ann an arm Bhreatainn.

Ged a thug na fir-chinnidh ionnsaigh Ghàidhealach air leth math, cha robh a' bhuidhe a fhuair iad stèidhichte air innleachd gheur. Fhuair iad a' bhuidhe ro fhurasta, agus dh'fhàg sin gun robh cus misneachd aig Teàrlach, agus bha sin a' ciallachadh gun robh e a' sùileachadh barrachd na bha nan comas. Dh'fhuiling e air sgàth seo. B' e an innleachd a bh' aig Teàrlach aig Cùl Lodair rèisimeidean nan cinnidhean a chur air achadh nach do thagh e gu math, agus a bha a' freagairt na b' fheàrr air innleachd agus armachd àbhaisteach Bhreatainn. 'S dòcha gum biodh sabaid nan Gàidheal air dèanamh suas airson na h-eas-bhuannachd sin nam biodh iad air stiùireadh èifeachdadh fhaighinn sa bhlàr. Gu dearbh, bha mòinteach Chùil Lodair faisg air a bhith ceart airson na dòigh-sabaid a b' fheàrr leis an arm Hanobhàrianach.

Stòr B bho litir a chuir Seòras Moireach gu Teàrlach Eideard Stiùbhart air an t-17^mh Giblean 1746, Taigh-feachd Ruadhainn

Sir, Leis gun do chaill sinn an t-sabaid agus coltas a-nis gu bheil d' adhbhar dligheach air falbh leis a' ghaoith, tha mi an dòchas gun gabh sibh mo leisgeul ma bheir mi iomradh air firinn no dhà. Bha e ceàrr dhuibh a' bhratach rìoghail a thogail gun chinnt dhearbhte bho na Frangaich gun toireadh iad an làn taic dhuibh. Tha mi cuideachd deimhinnte nach robh Mgr O'Sullivan, anns an do chuir sibh earbsa le rudan a bha air leth bunaiteach, idir idir comasach agus gun do rinn e mearachdan uabhasach. Chan fhaca mi e aig àm sabaid ann an Gladsmuir, anns an Eaglais Bhric no aig an deireadh agus bha na h-òrdain aige gu math troimh-a-chèile.

Gun teagamh, bha gunnaichean mòra agus musgaidean nan Hanobhàrianach marbhtach, ach 's dòcha gum biomaid fhathast air a' chùis a dhèanamh mura b' e nach robh biadh gu leòr againn. Bha buaidh aig a sin a bha marbhtach. Chuir sibh earbsa ann am Mgr Hay airson biadh òrdanachadh, ach cha tug e seirbheis mhath dhuibh. Thuirt e rium gun deach biadh òrdanachadh, ach cha do rinn e a dhleastanas. Anns na trì làtha ron bhlàr, bha am feachd agaibh gu bhith marbh leis an acras.

Stòr C bho *Journey to the Western Islands of Scotland* le Samuel Johnson (1773)

Bha sinn a-nis gu dhol tarsainn na Gàidhealtachd a dh'ionnsaigh a' chosta an iar. Cha robh an turas doirbh, oir cha tug e ach 2 latha. Bha an neachd-aoigheachd againn air fàs measail oirnn agus, nuair a dh'fhàg sinn an taigh aige anns a' mhadainn, choisich e astar math còmhla rinn, agus rinn e tòrr còmhraidh mu chor na Gàidhealtachd. B' ann bhuaithe-san a chuala sinn an toiseach gun robh na Gàidheil mì-riaraichte san fharsaingeachd.

Tha na cinn-chinnidh ag iarraidh barrachd airgid a dhèanamh agus tha iad a' sùileachadh barrachd màil. Ach chan eil an teanant a' faicinn carson a dh'fheumadh e barrachd chisean a phàigheadh air an obair aige na chleachd e. Tha e a' diùltadh pàigheadh, agus tha e an uair sin air a chur far an fhearainn. Bidh e coltach gur e beachd nan Gàidheal san fharsaingeachd gun deach na màil a chur suas cus. Tha e follaiseach bho ghiùlan nan Gàidheal gu bheil iad deònach a dhol a dhùthaich eile. Chan fhada a bhios aon Ghàidheal air fhàgail san tìr àlainn seo.

Stòr D bho *The Scottish Nation 1700–2000* le T.M. Devine (1999)

Bha iomadh adhbhar cumhachdach ann airson nan atharraichean ann an sgoiltean ann an Alba san ochdamh linn deug. Fiù 's ann an deicheadan roimhe sin, bha sgoiltean 'iomairt' ann agus sgoiltean a bha a' pàigheadh chisean. Bha iad taobh a-muigh an t-siostam stàiteil oir glè thrìc bha iad ro mhòr airson aon mhaighstir-sgoile. An dèidh 1750 thàinig cuideam mòr air an t-siostam bhon a bha an àireamh-sluaigh ag èirigh agus bha inimrich air a dhol am meud gu mòr. B' e am freagairt air feumalachdan ùra bho ghnothachas a' dol am meud, agus bho na clasaichean proifeiseanta, aon de na comharran daineamaig a bha aig oideachadh anns na borghan mòra. Cho tràth ri 1695, dh'fhastaidh Glaschu tidsear seòladaireachd agus chunntasan. Ann an 1705, dh'fhastaidh Dùn Èideann fear a chleachd a bhith na mharsanta mar 'Phroifeasair Cunntasan a' Bhaile'. B' e taobh eile na cùise gun robh barrachd cuideim air cor beòshlaint nam maighstirean-sgoile. Air sgàth nan duilgheadasan ionmhais sin, bha cuid de mhaighstirean-sgoile air an dùthaich air am brosnachadh an teagasg aca a leudachadh gu bhith a' gabhail a-steach chuspairean 'ùra' mar Cruinn-eòlas, Fraingis

Feuch a H-UILE ceist.

22. Dè na tha Stòr A agus B a' sealltainn dhuinn mu dhiofar mhìneachaidhean air na h-adhbharan a dh'fhàillig ar-a-mach nan Seumasach ann an 1745? 16
23. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha Stòr C mar fhianais air nàdar an atharrachaidh shòisealta air Ghàidhealtachd anmoch san 18^{mh} linn. 12
24. Dè cho slàn 's a tha Stòr D a' mìneachadh nan adhbharan airson atharraichean ann am foghlam ann an Alba 18^{mh} linn? 12

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

ROINN 4 — Na SA: ‘taigh air a sgaradh’, 1850–1865

Pàirt A — CÙISEAN EACHDRAIDH — 50 comharra

Feuch DÀ cheist.

25. Dè an ìre gum b’ e Achd Kansas–Nebraska an t-adhbhar bu chudromaiche gun do nochd am Partaidh Poblachdach ann an 1856? 25
26. ‘Chaidh dreuchd raon-sabaid nan stàitean an Iar anns a’ Chogadh Chatharra a mheasadh ro ìosal.’
Dè cho iomchaidh ‘s a tha am beachd seo? 25
27. Dè an ìre gun deach àibheiseachadh a dhèanamh air càineadh Jefferson Davis mar cheannard an àm cogaidh? 25
28. Dè cho fìor ‘s a tha am beachd gur ann air boireannaich sa cheann a Deas a bu mhotha a thug an Cogadh Catharra buaidh? 25
29. ‘Bidh e glè choltach nach tèid an riaghaltas seo a thaghadh a-rithist.’
Dè cho iomchaidh ‘s a tha am beachd seo air na duilgheadasan a bha fa chomhair Lincoln ann an iomairt a’ chinn-suidhe ann an 1864? 25

[Tionndaidh an duilleag

ROINN 4 — NA SA: ‘taigh air a sgaradh’, 1850–1865

Pàirt B — STÒRAN EACHDRAIDHEIL — 40 comharra

Dèan sgrùdadh air na Stòran gu h-ìosal agus feuch na trì ceistean a leanas.

Stòr A bho *The Blessings of Slavery* le George Fitzhugh, fear-lagha à Virginia (1857)

'S e na tràillean dubha sa cheann a Deas na daoine as sona agus as saoire air an t-saoghal. Feumaidh neach-obrach saor obrachadh no bàsachadh leis an acras. Tha e na thràill nas motha na tha an duine dubh chionn tha e ag obair nas fhaide agus nas cruaidhe airson cuibhreann-airgid nas lugha na an tràill, chan eil latha saor aige, oir tha uallach na beatha a' tòiseachadh dha nuair a bhios an obair aige deiseil. Chan eil saorsa idir aige, no aon chòir. Cha bhi na fireannaich dhubha no balaich thapaiddh ag obrachadh, mar as trice, nuair a tha an t-sìde math, càil a bharrachd air naoi uairean san latha. Cha bhi clann dhubha, seann daoine no ciorramaich ag obair idir, ach an dèidh sin, tha a h-uile cofhurtachd agus gach nì bunaiteach aca a dh'fheumas iad nam beatha. Tha saorsa aca chionn chan eil iad air an cumail sìos le uallach no le obair. Faodaidh iad cadal aig uair sam bith den oidhche; agus chan eil càil as fheàrr le daoine na cadal tàmhach na h-oidhche. 'Is beannaichte an neach a dh'innlich cadal.' Chan eil fios againn am bi luchd-obrach saor a' cadal uair sam bith. Feumar aideachadh gu bheil na daoine dubha againn nas fheàrr dheth na sluagh saor sam bith a tha ag obair air an t-saoghal.

Stòr B bhon *South Carolina Declaration of Causes of Secession*, 24^{mh} Dùbhlachd 1860

Fad 25 bliadhna tha an iomairt seo (an aghaidh tràilleachd) air a bhith a' sìor fhàs. Tha an iomairt a-nis air taic fhaighinn le cumhachd an riaghaltais choitcheann, a tha a' cur na Bun-reachd fhèin bun-os-cionn. Chaidh loidhne a tharraing tarsainn an Aonaidh. Tha a h-uile Stàit a tha tuath air an loidhne sin aonaichte ann a bhith a' taghadh fear, gu oifis àrd Ceann-suidhe nan Stàitean Aonaichte, a tha an aghaidh tràilleachd na bheachdan agus na amasan. Tha seo a' ciallachadh gum bi stiùireadh an riaghaltais choitcheann an urra ris – fear a thuirt, 'Chan urrainn Riaghaltas maireachdainn gu bràth na leth-thràill, leth-shaor,' agus gum feum an sluagh creidsinn gu bheil tràilleachd air an t-slighe gu dhol à bith. Air 4^{mh} den Mhàrt sa tighinn, gabhaidh am partaidh seo thairis an Riaghaltas. Thuirt iad gun tèid an ceann a Deas a bhacadh bhon fhearann choitcheann, agus gum feumar blàr a chur an aghaidh tràilleachd gus an tèid stad air sna Stàitean Aonaichte.

Stòr C bho *The Irrepressible Conflict* le Frank Owsley (1930)

Bha an dà roinn, Tuath agus Deas, air a dhol còmhla fon Bhun-reachd agus fios aca gun robh iad ag aonachadh mar dhà shiostam shòisealta agus eaconamach eadar-dhealaichte. Bha an dà roinn cothromaichte a thaobh àireamh-sluaigh agus àireamh stàitean. Mar sin cha robh cunnart ann aig an àm gun gabhadh roinn sam bith gnothach ri cùisean na roinn eile. Bha gach roinn a' tuigsinn a' chothromachaidh sin. Ach bha cothromachadh do-dhèante fo leudachadh, agus mar sin, fhuair fàs smachd uair no uaireigin, agus tha e mar sin a' stiùireadh an riaghaltais nàiseanta. Agus sin far a bheil a' chòmhstri nach gabh a cur fodha; an t-strì gun chrìch eadar an ceann a Deas agus àiteachas, agus an ceann a Tuath agus gnìomhachas, le chèile ag iarraidh smachd air an riaghaltas. Mar sin, cha robh a' chòmhstri nach gabhadh a cur fodha eadar tràilleachd agus saorsa. 'S ann a bha i eadar dòigh-beatha gnìomhachais agus coimeirsealta a' chinn a Tuath agus dòigh-beatha àiteachais a' chinn a Deas. Bha còmhstri eadar ùidhean agus siostaman eaconamach nan roinnean. Cha robh na siostaman sòisealta aca a rèir a chèile. Bhon a bha an fheallsanachd phoilitigeach aca ag èirigh bho na siostaman eaconamach agus sòisealta aca, cha robh dòigh air an toirt ri chèile. An rud a bha na bhiadh do dh'aon, bha e na phuinnseann dhan fhear eile.

Stòr D bho *Abraham Lincoln and the Road to Emancipation 1861–1865* le William K. Klingaman (2001)

Bha Gairm na Saorsa a' ciallachadh gum biodh tràillean sa cheann a Deas na bu dòcha ar-a-mach a dhèanamh. Tharraing sin aire nan oifigeach Chonfeadaralach agus thug e am misneachd bho fheachdan nan reubaltach. Cho luath 's a thuir Lincoln nach b' e cogadh a bh' ann ach còmhstri eadar saorsa agus tràilleachd, cha robh dòigh ann a thigeadh cobhair bhon Roinn Eòrpa gu na Confeadaraich. Ach le bhith a' saoradh nan tràillean Confeadaralach mar cheum cogaidh — agus chan ann mar cheartas dhan Duine Dhubh — chuir Lincoln gleidheadh an Aonaidh air thoiseach air saorsa. Bha saorsa a' dol a choileanadh amas a bha san amharc, dìreach fo-bhuil den chogadh. Bha an cànan sa Ghairm uabhasach laghanta, agus air a dhealbh airson stad a chur air dùbhlàn sam bith an aghaidh casg tràilleachd — an seòrsa cànan a bhiodh tu a' sùileachadh bho ghinealach a chosg tòrr ùine agus oidhirp air deasbadan mu chòraichean bun-reachdail agus laghail nan daoine leis an robh na tràillean. Cha do dh'fhàg Lincoln faclan uasal no abairtean brèagha againn mu shaorsa dha na Daoine Dubha; no dad a bhrosnaicheadh ginealaich ri teachd gu bhith ag obrachadh a dh'ionnsaigh co-ionannachd.

Feuch a H-UILE ceist.

30. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air nàdar an deasbaid mu shuidheachadh nan tràillean anns a' chomann-shòisealta sa cheann a Deas ron chogadh. 12
31. Dè uiread 's a tha **Stòran B** agus **C** a' sealltainn mu na diofar mhìneachaidhean a bh' ann mu na h-adhbharan airson a' Chogaidh Chatharra? 16
32. Dè cho slàn 's a tha **Stòr D** a' mìneachadh na buaidh a bha aig Gairm na Saorsa? 12

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

ROINN 5 — Iapan: nàisean air a h-ath-nuadhachadh, 1840–1920

Pàirt A — CÙISEAN EACHDRAIDH — 50 comharra

Feuch DÀ cheist.

33. Dè an ìre gum b' e gun deach cur às dha na Shoguns eadar 1868 agus 1869 a dh'adhbharaich co-dhùnadh a dh'ionnsaigh stàit mheadhanaichte fhaotainn? 25
34. Dè cho soirbheachail 's a bha na leasachaidhean foghlaim ann an linn Meiji? 25
35. 'Tha eachdraichean o chionn ghoirid air aire dhaoine a tharraing chun a' phàirt riatanach a bha aig na Zaibatsu ann an adhartas eaconamach Iapan.'
Dè cho iomchaidh 's a tha am beachd seo? 25
36. Dè an ìre gu bheil na leasachaidhean armailteach a' mìneachadh mar a bha Iapan air buaidh fhaighinn thairis air Sìona ann an 1895? 25
37. Dè cho cudromach 's a bha buaidh a' Chiad Chogaidh air Iapan? 25

[Tionndaidh an duilleag

ROINN 5 — Iapan: nàisean air a h-ath-nuadhachadh, 1840–1920

Pàirt B — STÒRAN EACHDRAIDHEIL — 40 comharra

Dèan sgrùdadh air na Stòran gu h-ìosal agus feuch na trì ceistean a leanas.

Stòr A bho *Meiji Revisited, The Sites of Victorian Japan* le Dallas Finn (1995)

Gu meadhan an 19^{mh} linn lean muinntir Iapan orra a' fuireach agus ag obair anns na structaran ris am biodh tu an dùil agus a bha air am mìneachadh cho cùramach ris an rang shòisealta aca: lùchairt an t-samurai, tuathanas an fhir-tuatha, àite-obrach an fhir-ceàird agus bùth a' mharsanta. Rona seo bha tòrr còmhstri chatharra air a bhith taobh a-staigh Iapan. B' e obair-fhighe, obair-chrèadha agus obair-mheatailte a bha sa mhòr-chuid den obair-dèanaimh. Bha sin uile air a dhèanamh gu sgileil ach air sgèile bheag, le innealan sìmplidh a bha uaireannan air an obrachadh le daimh no le cuibheall-uisge, ach mar bu trice le neart dhaoine. Bhiodh daoine agus an cuid a' siubhal ann am bàtaichean-seòlaidh beag eadar bailtean costail, no a' gluasad le palanquin, le each-luchdan no den cois air na rathaidean traidiseanta. Bha seo gu math eadar-dhealaichte bho dheireadh an 19^{mh} linn nuair dh'fhàs gluasadachd shòisealta nas cumanta agus a chaidh cur-às do structar na dual-fhine.

Stòr B bho memo a chuir Iwakura Tomomi gu Sanjo Sanetomi, fear-stàite cudromach san riaghaltas (1869)

Tha an litir seo ag amas air còmhradh a dhèanamh air cùisean cèin. Nuair a thòisich na Tokugawa air dàimhean a thogail ri dùthchannan cèin, cha deach coimhead an robh sin gu bhith math no dona dhan dùthaich. Am measg a liuthad fàilligeadh a bha orra, bhiodh a' mealladh na Cùirt Ìmpireil agus ag innse bhreugan do dhaoine. Rinn triùir no ceathrar de na Comhairlean Mhòra agus Shean co-dhùnadh air na cùmhnantan sin. Ach tha na cùmhnantan fhèin stèidhichte air lagh nàdarra, agus mar sin feumar co-dhùnadh a dhèanamh gu reusanta air na tha math agus dona ann an cùmhnantan. Feumaidh sinn neo-eisimeileachd ar dùthaich ìmpireil a dhìon le bhith ag ath-sgrùdadh nan cùmhnantan neo-chothromach malairt a chaidh a dhèanamh o chionn ghoirid còmhla ri Breatainn, An Fhraing, An Òlaind, Ameireaga agus dùthchannan eile. An-dràsta, tha feachdan dhùthchannan cèin air tighinn air tìr anns na puirt againn agus chan eil càil a choltas gu bheil iad an dùil fàgail. Tha na cùmhnantan sin dìreach nan leisgeul airson forsa ìmpirealach a chleachdadh.

Stòr C bho *Japan, A Documentary History, the Late Tokugawa Period to the Present* deasaichte le David J. Lu (1996)

Bhon àm a dh'fhosgail a' chiad Shinnsir Ìmpireil i, cha robh an dùthaich gun bhacadh uaireannan air soirbheachadh no bho iomadh briseadh air an t-sìth aice. Tha an aithris seo ag innse mu phrionnsapal mòr Bun-reachd na dùthcha. Tha an t-Ìmpire os cionn na h-Ìmpireachd, agus tha e a' toirt còmhla ann fhèin còraichean na h-uachdranachd, agus gan cleachdadh a rèir an ullachaidh sa Bhun-reachd. Chaidh an Rìgh-chathair Naomh seo a stèidheachadh aig an àm o chionn fhada nuair a chaidh na nèamhan agus an talamh a sgaradh bho chèile. A-nis, tha gach cumhachd reachdail, a bharrachd air àrd-chumhachdan na stàite, air an aonachadh ann am Mòrachd an Neach seo. Tha a Mhòrachd Ìmpireil air Bun-reachd a stèidheachadh, agus tha e air a dhèanamh na lagh bunaiteach a dh'fheumas an t-Àrd-uachdaran agus na Daoine a chumail. Chaidh mòran chleachdaidhean olc, a bha cumanta o chionn fhada, a sguabadh air falbh. Bidh an t-Ìmpire a' cleachdadh na cumhachd reachdail le aonta bhon Chruinneachadh Ìmpireil. Buinidh a' chumhachd reachdail do chumhachd àrd-uachdranachd an Ìmpire, ach thèid a' chumhachd seo an-còmhnaidh a chleachdadh le aonta a' Chruinneachaidh.

Stòr D bho *Japan's Modern Myths* le C. Gluck (1985)

An dèidh buileachadh coibhneil na bun-reachd, chaidh ceangal an Ìmpire ri poilitigs a chumail suas gu poblach aig ìre deas-ghnàthach. Bhiodh e a' fosgladh a' Chruinneachaidh, a' coinneachadh ris na ministearan aige airson cluinntinn mu ghnòthaichean poilitigeach, agus a' bruidhinn, mar gum biodh, ann an ath-sgrioptan ainneamh a bha a' cur an cèill toil an riaghaltais aige ann an teirmean àrd-bheachdail, ìmpireil. Bha e air aithris gum biodh e a' leughadh nam pàipearan ionadail. Tha e coltach gun robh e a' creidsinn ann am 'prionnsapalan adhartais, oir 's e am prionnsapal seo a-mhàin a nì na h-lapanach mar aon de shluaghan mòra an t-saoghail'. A dh'aindeoin sin, cha bhiodh e a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith leis fhèin. An àite sin, bhiodh e a' feitheamh ri cuideachadh bho na ministearan aige. San àm an dèidh a' Chogaidh Ruiseanach-lapanach, chaidh aire an Ìmpire gu amasan sòisealta. Mar phrìomh-athair stàit teaghlaich, thàinig e gu bhith na shamhla air còrdadh agus aonta, agus mar fhear de shliochd ban-dia na grèine, bha e na fhianais dhiadhaichte air cinnidheachd sinnsireil nan lapanach.

Feuch a H-UILE ceist.

38. Dè cho slàn 's a tha **Stòr A** a' mìneachadh nàdar traidiseanta comann-sòisealta lapan ann an 1850? 12
39. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr B** mar fhainais air cho cudromach 's a bha pàirt nam feachdan cèin a thaobh mar a thuit na Tokugawa ann an 1868. 12
40. Dè uiread 's a tha **Stòran C** agus **D** a' sealltainn mu na diofar mhìneachaidhean a thaobh ìre ùghdarras an Ìmpire taobh a-staigh Riaghaltas ùr Meiji? 16

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

ROINN 6 — A' Ghearmailt: deamocrasaidh gu deachdaireachd, 1918–1939

Pàirt A — CÙISEAN EACHDRAIDHEIL — 50 comharra

Feuch DÀ cheist.

41. Dè cho iomchaidh 's a tha am beachd nach robh san t-suidheachadh sa Ghearmailt ann an 1918–1919 ach mòr-chaohlachd agus gun dad eile? 25
42. 'Bha Cùmhnant Versailles aig bonn na neo-sheasmhachd a bha ro riaghaltas na Gearmailt eadar 1919 agus 1923.'
Dè cho iomchaidh 's a tha am beachd seo? 25
43. Dè an ìre gu bheil poileasaidh cèin Stresemann a' sealltainn nach eil mòran ann dheth ach nàiseantach traidiseanta Gearmailteach? 25
44. Dè an ìre gun d' fhuair luchd-gnìomhachais a' bhuannachd bu mhotha bho phoileasaidhean eaconamach nan Nadsaidhean eadar 1933 agus 1939? 25
45. Dè uiread 's a tha fòirneart nan Nadsaidhean a' mìneachadh cho neo-èifeachdach 's a bha an fheadhainn a bha an aghaidh riaghaltas nan Nadsaidhean eadar 1933 agus 1939? 25

[Tionndaidh an duilleag

ROINN 6 — A' Ghearmailt: deamocrasaidh gu deachdaireachd, 1918–1939

Pàirt B — STÒRAN EACHDRAIDHEIL — 40 comharra

Dèan sgrùdadh air na Stòran gu h-ìosal agus feuch na trì ceistean a leanas.

Stòr A bho artaigil ann am pàipear-naidheachd le neach-naidheachd à Berlin Friedrich Kroner (Lùnastal 1923)

Chan eil mòran den chòrr ri ràdh. Tha atmhorachd a' bualadh air na nearbhan gach latha: na h-àireamhan gun chiall, mì-chinnt mun àm ri teachd. Bidh loidhnichean dhaoine a' cruinneachadh air beulaibh bhùithtean agus chan eil galar ann a tha cho gabhaltach ris an fhear seo. Tha an aon teachdaireachd aig na loidhnichean fad na h-ùie: thèid bùithtean a' bhaile fhalamhachadh a-rithist. Bha rus a' cosg 80,000 marc an-dè ach 160,000 marc an-diugh, agus 's dòcha gum bi e a dhà uiread a-rithist a-màireach. Tha a h-uile duine a' ceannach às a chiall frantically. Tha am pìos pàipeir, am pàipear talc ùr bhon bhanca nach do thiormaich fhathast bho thàinig e bhon chlà-bhualadair, agus a chaidh a phàigheadh an-diugh mar thuarastal seachdain, a' call a luach air an rathad gu bùth a' ghrosair. Tha na neonithean, na neonithean a tha ag iomadachadh . . . na prìsean a tha a' dol suas nan adhbhar fanaid agus gàireachdainn. Èighidh cuideigin, 'Im nas saoire!' An àite 1,600,000 marc, dìreach 1,400,000 marc.

Stòr B bho Franz von Papen's *Memoirs* (1952)

Bidh leasachaidhean eachdraidheil a' tachairt mar thoradh air diofar adhabharan . . . tha còir dùil a bhith agam gun tèid na rudan a rinn mi fhèin a mheas a rèir sin. Chaidh mo shealltainn mar gun robh mi leanabail agus gun chomas ciall cheart an t-suidheachaidh phoilitigich aig deireadh 1932 a thuigsinn. Ach chan eil cotlas gu bheil mòran dhaoine a' tuigsinn na h-ìre chun an do dh'èirich Hitler air sàillibh nan clàsan cruaidh a bh' ann an Cùmhnant Versailles agus an èiginn eaconamach a dh'adhbharaich an dìoladh a bha aig a' Ghearmailt ri phàigheadh. Ann an dòigh thàinig Hitler agus an gluasad aige gu bhith airson seasamh an aghaidh na dìth dòchais a bh' ann. Feumaidh na cumhachdan a bhuannaich gabhail ris gun robh iad rin coireachadh airson na dìth dòchais sin. Nuair a thàinig Hitler gu bhith na Sheansalair air a' Ghearmailt, bha faisg air 40% den luchd-taghadh a' cur an taic ris. Chaidh dìth comas comhairleachaidh agus dìth innse na fìrinn a chur às mo leth, ach tha cunntas ceart air na thachair a' sealltainn nach eil sin fìor oir 's e àm doirbh a tha seo.

Stòr C bho *Hitler* le Ian Kershaw (1991)

Nuair a chaidh cumhachd a thoirt do Hitler on 30 Faoilleach 1933, cha b' urrainn buil na bu mhiosa a bhith aig an èiginn air nach biodh crìoch ann an deamocrasaidh Weimar. Ach cha leigeadh e leas a bhith air tachairt. Bha dòighean eile ann. Bha am Prìomhaire Hindenburg teagmhach mu cheannardas nan Nadsaidhean, agus dhiùlt e dreuchd an t-Seansalair a thoirt do Hitler san Lùnastal 1932 nuair a bha a' dol gu math dha na Nadsaidhean. Dh'atharraich e inntinn còig mìosan an dèidh sin agus am Partaidh Nadsaidheach ann an èiginn nuair nach deach leotha gu math san taghadh san t-Samhain 1932 . . . gu teicnigeach bha fastadh Hitler a rèir na bun-reachd. B' e glè bheag de bhuidhnean cudromach aig an robh Hitler mar chiad roghainn, ach san Fhaoilleach 1933, gun an còrr roghainnean ann, bha a' mhòr-chuid deònach gabhail ri riaghaltas Hitler. Nam biodh iad air a dhol na aghaidh, cha ròbh dòigh a b' urrainn riaghaltas a bhith aig Hitler. Dh'fheumadh Hitler na buidhnean sin airson cumhachd fhaighinn.

Stòr D bho *Guidelines for Teaching History in Secondary Schools* (1938) a dh'fhoillsich an German Central Institute of Education

Tha teagasg Eachdraidh stèidhichte air a' cheangal nàdarra a tha eadar pàiste agus a dhùthaich. Feumaidh an cuspair òigridh ionnsachadh gu h-àraidh gu bhith a' toirt spèis do dh'eachdraidh iongantach na Gearmailt san àm a dh'fhalbh. Feumaidh teagasg Eachdraidh an t-àm a dh'fhalbh a thoirt beò do Ghearmailtich òga ann an dòigh a bheir orra faireachdainn gu bheil dleastanas air gach neach airson na dùthcha gu lèir . . . Nochd na gaisgich mhòra san àm a dh'fhalbh seo le mar a dh'àicheidh iad rudan orra fhèin. Feumaidh teagasg Eachdraidh tighinn bhon chreideamh bhunaiteach seo . . . Tha ar cinnt a thaobh bith-beò sàr-mhath agus iongantach . . . stèidhichte dhuinne . . . aig an aon àm air tuigse shoilleir de chùisean cinnidh bunaiteach na Gearmailt, a tha an-còmhnaidh gnìomhach agus a mhaireas gun chur às dhaibh. Moladh gum biodh don Ghearmailt.

Feuch a H-UILE ceist.

46. Dè cho slàn 's a tha **Stòr A** a' mìneachadh buaidh sàr-atmhorachd air beatha nan Gearmailteach ann an 1923? 12
47. Dè uiread 's a tha **Stòran B** agus **C** a' sealltainn dhuinn mu na diofar mhìneachaidhean aig na h-adhbharan a chaidh Hitler a chur an dreuchd mar Sheansalair na Geramailt? 16
48. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr D** mar fhianais air amasan *Volksgemeinschaft* nan Nadsaidhean. 12

[Tionndaidh an duilleag

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

ROINN 7 — Afraga a deas: cinneadh agus cumhachd, 1902–1984

Pàirt A — CÙISEAN EACHDRAIDHEIL — 50 comharra

Feuch DÀ cheist.

49. Dè cho cudromach 's a bha iarrtas air luchd-obrach saor mar phàirt den leasachadh ann am poileasaidhean sgaradh-cinnidh ann an Afraga a Deas eadar 1910 agus 1924? 25
50. Dè an ìre gum b' e fèin-aithne shònraichte Afrikaner am prìomh adhbhar airson Nàiseantachd Afrikaner a dhol am meud eadar 1924 agus 1948? 25
51. Dè an ìre gun robh eas-aontachd am measg bhuidhnean comhaireachd na phrìomh adhbhar ann a bhith a' beagachadh na buaidh aig buidhnean a bha an aghaidh sgaradh-cinnidh eadar 1910 agus 1948? 25
52. 'Cha robh san Leasachadh Fa Leth an dèidh 1960 ach apartheid fo ainm eile.' Dè cho iomchaidh 's a tha am beachd seo? 25
53. Dè cho cudromach 's a bha na Dùthchannan Aonaichte ann a bhith a' toirt buaidh air poileasaidh cèin riaghaltas Afraga a Deas eadar 1960 agus 1984? 25

[Tionndaidh an duilleag

ROINN 7 — Afraga a deas: cinneadh agus cumhachd, 1902–1984

Pàirt B — STÒRAN EACHDRAIDHEIL — 40 comharra

Dèan sgrùdadh air na Stòran gu h-ìosal agus feuch na trì ceistean a leanas.

Stòr A bho *South Africa in the Twentieth Century* le James Barber (1999)

Chuir Milner roimhe gun cleachdadh e a dhreuchd airson an eaconamaidh agus an comann-sòisealta ath-thogail agus Afraga a Deas ath-chruthachadh ann an riochd ìmpireil. Dhàsan, cha b' e amas a-mhàin a bh' ann an ath-thogail — b' e sin an dòigh anns an deigheadh Afraga a Deas a chruthachadh a bhiodh 'Breatannach'. Bha na planaichean aige a' gabhail a-steach iomairtean mòra, sòisealta agus eaconamach airson feuchainn ri tìr a chruthachadh a bhiodh dìleas dhan chrùn. Ged as e coimhearsnachd a bhiodh ga riaghladh fhèin a bha san amas aige air a' cheann thall, cha robh cabhag sam bith air Milner. Bha e den bheachd gur e riaghladh an obair aige; gun robh èifeachdas na bu chudromaiche na riochdachadh. Gu practaigeach, bha e den bheachd gun gabhadh na h-amasan aige a choileanadh ann an grunn dhòighean. B' e a' chiad dhòigh an àireamh-sluaigh Bhreatannach a chur am meud le poileasaidh làidir in-imrich gus a' bhuaidh aig smachd mion-chuid Bhreatannach san sgìre a bheagachadh. B' e ìmpirealachd chultarail an dara dòigh a bh' aig Milner; gu h-àraidh le bhith a' cleachdadh foghlam airson na Boers a 'Shasannachadh'.

Stòr B bho *The Afrikaners* le G.H.L. Le May (1995)

Nuair a bha Cogadh nam Boers seachad, bha adhbhar aig Afraganaich anns na poblachdan Boer a bh' ann roimhe creidsinn gum biodh am beatha na b' fheàrr fo riaghladh Breatannach. Bha sin air sgàth gun robh propaganda Breatannach air càineadh a dhèanamh a-rithist agus a-rithist air riaghaltasan poblachdach airson mar a bha iad a' dèiligeadh ri Afraganaich. Cha do mhair an dòchas sin fada. Anns na sgìrean dùthchail far an robh Afraganaich air ar-a-mach a dhèanamh bhon bhonn aig àm a' chogaidh, dh'ath-steidhich riaghladh Mhilner uachdarain-fearainn Afrikaner. Rinn sin beatha nan Afraganach na bu chruaidhe na bha i ron chogadh. Dh'fhàs beatha nan Afraganach na bu mhiosa anns na bailtean cuideachd, gu h-àraidh ann am mèinneadh an òir. Theannaich Milner na laghan co-cheangailte ri ceadan airson nach biodh e cho furasta do luchd-obrach Afraganach gluasad mun cuairt. Gheàrr na companaidhean mèinnidh tuarastal an luchd-obrach Afraganach, agus chuir iad stad air farpaiseachd airson na h-obrach aca le bhith a' dol còmhla agus a' cruthachadh comann luchd-obrach dùthchail Witwatersrand (WNLA Witwatersrand native labour association). Le bhith còmhla, rinn an riaghlantas, a' WNLA agus an luchd-obrach Sìonach gnìomhachas mèinneadh an òir prothaideach don luchd-tasgaidh agus don stàit le bhith a' beagachadh cumhachd barganachaidh nan Afraganach.

Stòr C bho *Long Walk to Freedom* by Nelson Mandela (1994)

Bha tòrr searbhachd ann am partaidh nan Nàiseantach — bha iad searbh mu na Sasannaich, a bha air a bhith a’ dèiligeadh riutha mar ìochdarain fad dheicheadan, searbh mu na h-Afraganaich oir bha na Nàiseantaich den bheachd gun robh iad nan cunnart do shoirbheachadh agus do ghlainne cultar Afrikaner. Cha robh dìlseachd sam bith aig na h-Afraganaich do Sheanalair Smuts, ach bha na bu lugha buileach againn don Phartaidh Nàiseanta an dèidh dhaibh an taghadh a bhuannachadh ann an 1948. B’ ann air cuspair ris an canadh iad apartheid a sheas Malan mus do bhuannaich iad. B’ e teirm ùr a bh’ ann an apartheid, ach cha b’ e beachd ùr a bh’ ann. Bha e a’ toirt còmhla, fo aon shiostam fòirneartach, gach lagh agus riaghailt a bha air Afraganaich a chumail ann an suidheachadh nas isle na daoine geala fad linntean. Bha sgaradh tuairmeasach nan 300 bliadhna mu dheireadh gu bhith air a dhaingneachadh ann an siostam cumhachdach nach b’ urrainn duine a sheachnadh. B’ e an smuain a bha air cùlaibh apartheid gun robh daoine geala na b’ fheàrr na Daoine Dubha, Afraganaich agus Innseanaich.

Stòr D bho *Sharpeville: An Apartheid Massacre and its Consequences* le Tom Lodge (2011)

Do cheannardan dubha Afraga a Deas, bha ro-innleachdan fòirneartach a bha ag amas air an riaghaltas a chur an dara taobh a’ coimhead gu math tarraingeach. Bha sin oir bha murt Sharpeville sa Mhàrt 1961 air ùpraid adhbharachadh air feadh na dùthcha, agus cuideachd chaidh am buidheann aca a mhùchadh an dèidh sin. Tha e fìor gun robh daoine cudromach ann ro Sharpeville, an dà chuid taobh a-staigh nan Africanists agus am measg an ANC, a bha mar-thà a’ creidsinn nach robh dòigh nach biodh còmhstri fòirneartach ann an aghaidh nan ùghdarrasan agus gum bu chòir dhaibh a bhith ag ullachadh air a shon. Mura b’ e gun d’ fhuair fianais-dhùbhlain na Còmhdhail Pan Africanist taic a bha cho mòr, agus mura biodh ach an àireamh bheag de dhaoine a chaidh còmhla ris gu stèisean nam poileas air a bhith an sàs ann am fianais-dhùbhlain Robert Sobukwe, ’s dòcha gur e dìreach beachd na beag-chuid a bhiodh ann an sabaid guerrilla. Ged a bha Sobukwe a’ sìor fhàs mì-fhoighidneach le adhartas ceannardas an ANC, cha robh e fhèin buileach cinnteach an robh feum air ar-a-mach fo armachd, agus taobh a-staigh an ANC ann an 1960, bha gu leòr a bha ag aontachadh ri beachdan a’ Chinn-cinnidh Luthuli an aghaidh fòirneart.

Feuch a H-UILE ceist.

54. Dè uiread ’s a tha **Stòran A** agus **B** a’ sealltainn mu na diofar mhìneachaidhean air nàdar poileasaidh Bhreatainn ann an Afraga a Deas eadar 1902 agus 1910? 16
55. Dèan measadh air dè cho feumail ’s a tha **Stòr C** mar fhianais air na h-adhbharan airson apartheid a thoirt a-steach ro 1959. 12
56. Dè cho slàn ’s a tha **Stòr D** a’ mìneachadh a’ cho-dhùnaidh airson mar a thòisich cuid de na buidhnean iomairt air gabhail ri innleachdan armailteach anns na 1960an? 12

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

ROINN 8 — An Ruis: bho Tsarism gu Stalinism, 1914–1945

Pàirt A — CÙISEAN EACHDRAIDHEIL — 50 comharra

Feuch DÀ cheist.

57. Dè an ìre gun do nochd deachdaireachd aon-phartaidh anns an Ruis eadar an Dàmhair 1917 agus am Màrt 1921? 25
58. Dè an ìre gun deach dreuchd Trotsky ann a bhith na mheadhan air a' bhuidh Dhearg sa Chogadh Chatharra àibheiseachadh? 25
59. 'Bha Stalin gu mòr san àite cheart aig an àm cheart, fortanach — ach dh'fheumadh am fortan a bhith air a chleachdadh.'
Dè cho iomchaidh 's a tha am measadh seo air na h-adhbharan gun do nochd Stalin mar cheannard? 25
60. Dè an ìre gun do choilean co-sheilbheachd na h-amasan aige? 25
61. Dè cho cudromach 's a bha na chuir na seanalairean Sobhiet ri buaidh sa Chogadh Mhòr Thìr-ghràdhach? 25

[Tionndaidh an duilleag

ROINN 8 — An Ruis: bho Tsarism gu Stalinism, 1914–1945

Pàirt B — STÒRAN EACHDRAIDHEIL — 40 comharra

Dèan sgrùdadh air na Stòran gu h-ìosal agus feuch na trì ceistean a leanas.

Stòr A bho *The Russian Revolution* le Sheila Fitzpatrick (2008)

Ann an 1914, nuair a chaidh An Ruis dhan chogadh, bha daoine air bhoil le gràdh-dùthcha gu poblach, bhiodh iad a' crathadh bhrataichean, agus bha an comann-sòisealta urramach a' dèanamh oidhirp mhòr gus cuideachadh le iomairt cogaidh an riaghaltais. Ach dh'atharraich am fonn math glè luath. Bha amharas gun robh traoidhtearachd a' dol air adhart ann an àitichean urramach. B' e aon de na prìomh thargaidean bean Nicholas, Ban-ìmpire Alexandra, a dh'adhbharaich sgainneal air sgàth 's a na dàimh a bha eadar i fhèin agus Rasputin. B' e duine neo-earbsach ach tarraingeach bh' ann-san, agus bha is' a' cur earbsa ann mar fhìor dhuine leis a' Chruithear a chumadh smachd air haemophilia a mic . . . An uair sin ghabh Nicholas dleastanas mar cheannard air arm na Ruis. Thug sin air falbh bhon phrìomh-bhaile e airson greisean fada. Thòisich buaidh Alexandra agus Rasputin air an riaghaltas a' dol am meud co-cheangailte ris na ministearan a bh' air an cur an dreuchd. Bha seo a' ciallachadh gun deach cuid de mhinistearan gun chomas, ach a bha measail aig an dithis acasan, a chur don chaibineat agus iad a' leum air thoiseach air feadhainn eile. Chaidh Rasputin a mhurt, ach shaoileadh tu gum buineadh an sgeulachd mu dheidhinn cho fada 's a mhair e an aghaidh bàs le puinnsean, peilearan agus bàthadh do linn eile. 'S ann a bha e na bu choltaiche ri rudeigin neònach a bha an cois eachdraidh an fhicheadamh linn leis na trèanaichean shaighdearan, cogadh nan trainnsichean agus ullachdadh an airm airson cogadh.

Stòr B bho *The Bolsheviks Must Assume Power* le Lenin, 12^{ra} Sultain 1917

Faodaidh agus feumaidh na Boilseabhaich ùghdarras a ghabhail air cumhachd stàite bhon a fhuair iad a' mhòr-chuid ann an Sobhieatan an Luchd-obrach agus Deputaidhean nan Saighdearan san dà phrìomh-bhaile. Airson nam Boilseabhaich, le bhith sa bhad a' moladh sìth dheamocratach, cuiridh sinn air dòigh riaghaltas nach tèid aig duine air a thilgeil sìos. Tha a' mhòr-chuid de na daoine air ar taobh. Chaidh sin a dhearbhadh leis a h-uile nì fada, piantail a thachair eadar 6 Cèitean agus 12 Sultain. Bhon a fhuair sinn mòr-chuid ann an Sobhieatan nam bailtean mòra, bha sin a' ciallachadh gun tàinig mòran a-nall chun an taoibh againne . . . Carson a dh'fheumas na Boilseabhaich cumhachd a ghabhail aig an dearbh mhòmaid seo? Tha daoine sgìth de na Menseabhaich agus na Sòisealaich airson Mòr-chaohladh a' lagachadh. 'S e a' bhuidh anns na bailtean mòra an aon rud a bheir an tuath leinn.

Chan eil sinn a' gabhail uallach mu 'latha' no 'mòmaid' an ar-a-mach ann an seagh cumhang an fhacail. Bidh an co-dhùnadh sin air a dhèanamh le guth aonaichte nan daoine a tha ann an co-cheangal ris an luchd-obrach agus saighdearan, ris a' mhòr-shluagh.

Stòr C bho *Stalin's Russia* le Chris Ward (1999)

Ach fhad 's a bha Stalin a' cur sìos air an fheadhainn a bha na aghaidh, agus Ezhov a' strì ri smachd a chumail anns na mòr-roinnean, bha tachartasan dramadach air tòiseachadh ann an Leningrad. Chuir sin an t-strì am meud, agus cha b' fhada gus an do thòisich glanadh-sluaigh ann an dòigh ùr, chunnartach. Aig ceithir uairean feasgar air 1^d Dùbhlachd 1934, choisich an comannach òg, Leonid Nikolaev, a-steach a thogalach Smolny, àrd-oifis a' phartaidd ionadail, agus loisg e air Kirov san druim. An-ath-latha, thug reachd sònraichte mu eucoirean ceannairceach cumhachdan mòra, farsaing co-cheangailte ri cùirtean agus cur-gu-bàs dhan NKVD, a bha air ath-eagrachadh às ùr beagan roimhe sin. Taobh a-staigh beagan sheachdainean, chaidh 13 ball de 'Mheur Leningrad' (Nikolaev nam measg) agus co-dhiù 98 neach eile a bha sgapte air feadh na dùthcha a chur gu bàs airson a bhith ag ullachadh 'ionnsaighean ceannairceach an aghaidh oifigearan den riaghaltas Shobhietach'. Nuair a chuir a' Chomataidh Mheadhain litir mun cuairt ag iarraidh air buidhnean ionadail a dhol an tòir nan 'Trotskyites' agus 'Zinovievites' chaidh na mìltean eile a chur an grèim — nam measg Kamenev agus Zinoviev. 'Chan eil mi ciontach de aon nì, de aon nì fa chomhair a' phartaidd, fa chomhair na Comataidh Mheadhain no fa ur comhair-se,' thuirt Zinoviev ri Stalin.

Stòr D bho *Stalin* le Isaac Deutscher (1966)

Ach carson a cho-dhùin Stalin an Glanadh a dhèanamh? Tha cuid den bheachd gun do chuir e fir a bha san t-seann ghèard gu bàs gus coire a chur orra airson mar dh'fhàillig an eaconamaidh. Tha gràinnean beag firinn an seo, ach sin uile. Sa chiad àite, thàinig deagh phiseach air cùisean eaconamach na dùthcha fad nam bliadhnaichean a bha na cùirtean a' dol. Gu cinnteach cha robh e a' cur feum air uiread de dhaoine airson coire a chur orra; agus nam bitheadh e a' cur feum orra, bhiodh am prìosan le cruaidh shaothair air a' chùis a dhèanamh — b' e fìor amas Stalin, agus amas a bha fada na b' fharsaing, cur às dha na daoine a dh'fhaodadh a bhith air chomas 's dòcha riaghaltas eile a shuidheachadh; agus 's dòcha barrachd air aon riaghaltas eile. Bha cunnart cuideachd bho thall-thairis; dìreach beagan mhìosan mus robh a' chiad tè de na cùirtean mòra ann, mhèarrs arm Hitler dhan Rhineland; chrìochnaich a' chùirt mu dheireadh, an tè aig Bukharin agus Rykov, le trompaidean a' cluich fhad 's a chaidh ainmeachadh gun robh na Nadsaidhean air An Ostair a ghabhail thairis. Bha Ìmpireachd na Gearmailt ag ath-armachadh agus a' feuchainn dè cho làidir 's bha iad . . . cha robh teagamh sam bith aig Stalin gun gabhadh cogadh a sheachnadh; agus bha e a' beachdachadh air na dòighean eile a bh' ann.

Feuch a H-UILE ceist.

62. Dè cho slàn 's a tha Stòr A a' mìneachadh carson a thuit taic do Tsarism às a chèile sa Ghearran 1917? 12
63. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha Stòr B mar fhaianais air an ìre gun robh taic aig na Boilseabhaich an dèidh Iuchar 1917. 12
64. Dè uiread 's a tha Stòran C agus D a' sealltainn dhuinn mu na diofar mhìneachaidhean mu adhbharan airson a' Ghlanaidh? 16

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

ROINN 9 — Cogadh Catharra na Spàinn: adhbharan, còmhstri agus buil, 1923–1945

Pàirt A — CÙISEAN EACHDRAIDHEIL — 50 comharra

Feuch DÀ cheist.

65. Dè an ìre gu bheil miann an crùn a dhìon a' mìneachadh oidhirpean Miguel Primo de Rivera air leasachadh sòisealta agus eaconamach anns na 1920an? 25
66. Dè an ìre gun robh dìth maoinachaidh na phrìomh adhbhar airson mar a dh'fhàillig leasachaidhean àiteachais Azaña? 25
67. Dè an ìre gum faodar a ràdh gum b' e Ar-a-mach Asturias ann an 1934 'a' chiad bhlàr den Chogadh Chatharra? 25
68. Dè an ìre gun do dh'èirich Franco gu cumhachd mar thoradh air a chomas air feadhainn a dh'fhaodadh a bhith nan luchd-bagairt a mhanaidseadh? 25
69. Dè an ìre gun do chuir cobhair Shobhietach gu mòr ri dìon Poblachd na Spàinn eadar 1936 agus 1939? 25

[Tionndaidh an duilleag

ROINN 9 — Cogadh Catharra na Spàinn: adhbharan, còmhstri agus buil, 1923–1945

Pàirt B — STÒRAN EACHDRAIDHEIL — 40 comharra

Dèan sgrùdadh air na Stòran gu h-ìosal agus feuch na trì ceistean a leanas.

Stòr A bho òraid a rinn Alfonso XIII na Spàinn sa Ghiblean 1931

Dhearbh na taghaidhean a chaidh a chumail Didòmhnaich nach eil gràdh no meas tuilleadh aig mo dhaoine orm. Tha mo chogais ag innse dhomh nach mair an suidheachadh seo chionn dh'fheuch mi riamh ri seirbheis a thoirt dhan Spàinn, agus dha mo dhaoine, le m' uile chridhe.

Nì rìgh iomadh mearachd. Chan eil teagamh nach do rinn mi fhèin sin uaireannan, ach tha fios agam gu bheil an dùthaich againn an-còmhnaidh tròcaireach mu lochdan a rinn daoine gun droch rùn . . . lorgainn maoin gu leòr a chumadh suas còraichean-dlighe rìoghail airson seasamh suas le èifeachdas an aghaidh dhaoine a tha a' toirt ionnsaigh orra, ach 's fheàrr leam seasamh air ais gu calma seach còmhstri a bhrosnachadh, a dh'fhaodadh mo luchd-dùthcha a chur an aghaidh a chèile, ann an cogadh catharra agus ann am murt an athraichean. 'S e m' ùrnaigh ri Di gum bi a h-uile Spàinnteach eile den aon inntinn agus gun coilean iad an dleastanas cho dùrachdach riumsa.

Stòr B bho *The Spanish Civil War, Questions and Analysis in History* le Andrew Forrest (2000)

Mar dhuais airson na rinn e ann an Asturias, chaidh Franco a dhèanamh na Cheannard air Feachdan Armaichte na Spàinn ann am Morogo . . . nuair a chaidh Gil Robles na Mhinistear a' Chogaidh anns a' Chèitean 1935, chaidh esan na Cheannard air Luchd-obrach Coitcheann. Nuair a fhuair am Popular Front a' chumhachd anns a' Ghearran 1936, bha an t-ullachadh air tòiseachadh airson ar-a-mach armailteach. Bha coltas gun robh claon-bhàidh aig an riaghaltas ùr an aghaidh na làimh dheis [mar a chunnacas nuair a thug Prìomh Mhinistear Azaña mathanas dhan luchd-obrach agus dha na saighdearan air an làimh chlì a bha an sàs ann an Asturias agus corra ar-a-mach eile — fhuair Franco agus Mola dreuchdan eile. B' e an t-amas a bha aig a seo nach biodh iad air chomas a bhith ri cuilbheart. Thòisich an Cèitean le stailc choitcheann a bhrosnaich buidheann anarcach an CNT. Cha robh coltas gun robh am Prìomh Mhinistear, Casares Quiroga, a' toirt for air na fathannan nach robh ar-a-mach fad às.

Stòr C bho *British Volunteers for Liberty* le Bill Alexander (1992)

Tràth anns a' Chèitean 1937, ràinig an naidheachd aghaidh na sabaid a bha air sràidean Bharsalona eadar luchd-taic POUM, le cuideachadh bho chuid de anarcaich, air aon taobh, agus feachdan an Riaghaltais air an taobh eile. Bha am POUM, a bha riamh an aghaidh aonachd, a' bruidhinn air 'a' tòiseachadh na strì airson cumhachd an obair-chlas'.

Nuair a sgaoil an naidheachd mun t-sabaid, cha b' urrainn na Bragàdaran Eadar-nàiseanta (International Brigaders) a chreidsinn. Chuir e uabhas orra an toiseach, agus fearg mhòr. Cha b' urrainn duine de luchd-taic an Riaghaltais Popular Front smaoineachadh air suaicheantas 'mòr-chaochladh sòisealta' a thogail nuair a bha an Riaghaltas sin ann an cunnart a bheatha an aghaidh faisisteachd eadar-nàiseanta. Bha cumhachd inneal-cogaidh a' bhuidhinn sin ri fhaicinn gu soilleir beagan cheudan shlatan air falbh ann an no-man's land. Bha aithrisean ann gun robh buill-airm, fiù 's tancaichean, gan cumail am falach bhon aghaidh airson adhbharan cealgach. Chuir sin barrachd feirg air a' Bhragàd mun fheadhainn a bha a' sabaid an aghaidh na Poblachd ris an deireadh.

Stòr D bho *We, the Anarchists* le Stuart Christie (2008)

Dh'fhàs a' bheàrn eadar a' bhunait agus an ceannardas na bu mhotha buileach [mar eisimpleir] anns a' Chèitean 1937, ann am Barsalona. An sin, thug ceannardan an CNT agus am FAI òrdan dha na mìleanaich aca fhèin iad a leigeil sìos an armachd, a bha iad air a thogail fa chomhair brosnachadh a dh'fhuiling iad bhon PSUC agus bho na Nàiseantaich Chatalanach bho thràth san Fhaoilleach. B' e seo am prìomh thachartas a thug a-nuas riaghaltas Largo Caballero, an aon charaid a bha aig ceannardan an CNT-FAI ann an caibineat a bha an ìre mhath taiceil do na Comannaich. Air a' cheann thall, chuir e às dhan bhuidhinn mhoralta aig an CNT-FAI air a' phrìomh sgìre a bha taiceil dhaibh — Catalonia. Cha robh càil ann a-nis a chuireadh stad air riaghaltas Juan Negrin, a bha taiceil dhan Ruis, cur às dhan rud a b' fheàrr a choilean am mòr-chaochladh — Comhairle Aragón, a bha gu mòr fo bhuidhinn nan anarcach. Bha e follaiseach gun robh riaghaltas ùr Negrin nàimhdeil dhan FAI. Dh'adhbharaich sin èiginn mhòr anns a' bhuidheann anarcach anns an Ògmhios 1937.

Feuch a H-UILE ceist.

70. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air na h-adhbharan airson gun do 'dh'fhàg' Alfonso. 12
71. Dè cho slàn 's a tha **Stòr B** a' mìneachadh nan adhbharan a bha aig an fheadhainn a chaidh an aghaidh na Poblachd ann an 1936? 12
72. Dè uiread 's a tha **Stòran C** agus **D** a' sealltainn mu na diofar mhìneachaidhean air pàirt ar-a-mach Bharsalona anns an eas-aonachd a bha a' sìor fhàs am measg fheachdan na Poblachd an dèidh 1937? 16

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

ROINN 10 — Breatainn: ann an cogadh agus sìth, 1938–1951

Pàirt A — CÙISEAN EACHDRAIDHEIL — 50 comharra

Feuch DÀ cheist.

73. Dè an ìre gum b' e nach robh e air chomas an eaconamaidh a stiùireadh gu h-èifeachdach airson 'làn-chogadh' a bu choireach gun do leig Chamberlain dheth a dhreuchd? 25
74. Dè an ìre gun urrainn dhuinn iomairt bhomaidh nan Caidreabhach an aghaidh na Gearmailt eadar 1939 agus 1945 a mheas mar iomairt shoirbheachail? 25
75. 'B' e am prògram Lend-Lease an aon rud a chuir stad air eaconamaidh Bhreatainn bho thuiteam às a chèile gu tur.
Dè cho iomchaidh 's a tha am beachd seo air buaidh a' chogaidh air eaconamaidh Bhreatainn? 25
76. Dè an ìre gun tug na Riaghaltasan Làbarach ann an 1945–1951 'Ierusalem Ùr' do mhuinntir Bhreatainn? 25
77. Dè an ìre gun do chuir an cogadh cabhag air crìonadh Ìmpireil Bhreatainn? 25

[Tionndaidh an duilleag

ROINN 10 — Breatainn: ann an cogadh agus sìth, 1938–1951

Pàirt B — STÒRAN EACHDRAIDHEIL — 40 comharra

Dèan sgrùdadh air na Stòran gu h-ìosal agus feuch na trì ceistean a leanas.

Stòr A bho *The Smoke and the Fire* le John Terraine (1980)

Aig Co-labhairt Arcadia ann a' Washington anns an Dùbhlachd 1941, rè am buidhe, toilichte ann an dàimhean Anglo-Ameireaganach, chaidh an dà bhuidheann de Cho-cheannardan a chur còmhla gu bhith nan Comataidh Cho-cheangailte Cheannardan le structur maireannach. Bha e an urra ris a' bhuidheann seo ro-innleachd a stèidheachadh don dà Chaidreabhach san Iar; bhiodh na h-Àrd-chomanndairean ann an cogaidhean a' faighinn nan òrdan bhuapa-san agus a' toirt aithisgean air ais thuca gu foirmeil. Bhiodh diofaran nàiseanta [a bha tric coltach ri còmhstri eadar beachdan rag (dogmatism) Ameireaga agus pragmatism Bhreatainn ag adhbharachadh eas-aonta. Bha coltas gun robh còmhstrithean air nach robh fuasgladh eadar nèibhidh Ameireaga, le prìomh ùidh anns a' chogadh an aghaidh Iapan, agus arm Ameireaga a bha taiceil dhan chogadh san Roinn Eòrpa. Agus os cionn a h-uile rud, bha caractaran nan ceannardan ainmeil, Roosevelt agus Churchill. Ann am beachd an luchd-comhairleachaidh armailteach aca, bha an dithis sin buailteach a dhol an sàs ann an sgeamaichean mì-choltach agus a dhol air slighe chlaon sam bith a thogradh iad.

Stòr B bho *Enigma: The Battle for the Code* le Hugh Sebag-Montefiore (2000)

Chun a' Mhàirt 1943, bha dì-chrioptan Enigma air an cleachdadh airson dìon ach an gabhadh conbhoidhean a ghluasad a-mach às an rathad air bàtaichean-aigeann a bha a' feitheamh orra. Aig deireadh a' Mhàirt, bha an t-uabhas bhàtaichean-aigeann anns an Atlantaig a Tuath. Mun àm a shealladh dì-chrioptan Enigma an suidheachadh aca, bhiodh bàtaichean-aigeann eile a' feitheamh air slighe ùr sam bith. Dh'fheuch Àrd-mharaiche King bho Nèibhidh nan SA ri toirt air Breatainn Enigma a chleachdadh airson ionnsaigh a thoirt, gu h-àraidh an aghaidh thancairean-aigeann Gearmailteach, a bha a' toirt ùine a bharrachd do na bàtaichean-aigeann le bhith a' toirt barrachd connaidh dhaibh aig muir. Chuir Sir Dudley Pound gu mòr an aghaidh molaidhean an Àrd-mharaiche King, oir bha e den bheachd nan deigheadh Enigma a chleachdadh airson ionnsaigh gun briseadh e tèarainteachd a thùs. Chuir e fios air ais a dh'Ameireag ag ràdh, 'Nam fàilligeadh am fiosrachadh bho Enigma an-dràsta, dheigheadh call bhàtaichean suas eadar 50 agus 100%'.

Stòr C bho *We Can Take It (Britain and the Memory of the Second World War)* le Mark Connelly (2004)

Bha miotas a' Bhliitz riatanach do fhèin-aithne nàiseanta Bhreatainn; bha e na dhearbhadh air feartan sònraichte treubh nan eilean. B' ann an uair sin a sheas 'Am Beagan' ('The Few') de dh'eilean Churchill gualann ri gualann, a dh'aindeoin clas no creideamh. Sheas iad an aghaidh uile uabhasan agus neart an nàmhaid. An àite gèilleadh, bha daoine ri gàireachdainn agus fealla-dhà fad na h-ùine agus iad làn fèin-smachd iongantach, Breatannach. Bha dealbhan den Bhliitz a' toirt teachdaireachd air dùbhlán, a' seasamh gu dlùth ri chèile, agus innleachdas an aghaidh nàmhaid chumhachdach. Le tighinn beò tro na thachair, cheannaich Breatainn saorsa an t-saoghail. Cleas iomadh rud a thachair ann an 1940, bha am Blitz na rud às an robh muinntir Bhreatainn moiteil; agus bha fulangas agus misneachd na dùthcha air a shàillibh nan rudan airson am bu choir an saoghal taing a thoirt dhuinn. Seo mar a tha am Blitz air fhaicinn agus air a chuimhneachadh.

Stòr D bho *An Autobiography* le Herbert Morrison (1960)

Nuair a chaill na Tòraidhean ann an 1945, chaidh Rab Butler a chur a dh'obair ann an roinn rannsachaidh a' Phartaidh Chonsearbhataibh. Faodar coimhead air-san mar an duine a dh'innlich na poileasaidhean a fhuair a' bhuaidh ann an 1951. Bha mi moiteil nuair a chaidh innse dhomh gun do bheachdaich Butler gu math air na rinn mi dhan Phartaidh Làbarach ron taghadh, agus an dèidh an taghaidh ann an 1945, agus gun tuirt e ris an luchd-obrach aige gun robh e airson dèanamh dhan Phartaidh 'mar a rinn Herbert Morrison dha na Làbaraich'. Cha robh teagamh nach do dh'ionnsaich e air sgàth call ann an 1945. Ann an 1945, bha na Tòraidhean a' cumail ri teachdaireachd àicheil agus ag ràdh gun tigeadh sgrios fo shòisealachd. Bha iad a' cur sìos air gach seòrsa smachd a dh'adhbharaich an cogadh.

An dèidh dhaibh call, thug an taobh aige fhèin an aghaidh air an iomradh a thug Churchill air a' 'Ghestapo' anns an iomairt ann an 1945. Faodaidh mi Butler a mholadh le bhith ag ràdh gun do rinn am poileasaidh aige an iomairt aig na Làbaraich gu math na bu dorra. Bha na beachdan adhartach aige a' ciallachadh nach robh cùisean buileach cho dubh no cho geal; cha robh uiread a chòmhstri ann a thaobh prionnsapal. Agus cha robh sin math dhuinne.

Feuch a H-UILE ceist.

78. Dè uiread 's a tha **Stòran A** agus **B** a' sealltainn mu na diofar mhìneachaidhean a thaobh na bha de dhùbhlain ro cheannardan nèibhidh Bhreatainn agus cuideachd ro na feachdan air tìr anns an Dara Cogadh? **16**
79. Dè cho slàn 's a tha **Stòr C** a' mìneachadh buaidh a' Bhliitz? **12**
80. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr D** mar fhianais air na h-adhbharan a chaill am Partaidh Làbarach an taghadh ann an 1951. **12**

[DEIREADH A' PHÀIPEAR SAMPAILL]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

Taing chòraichean
Roinn 1 Pàirt B Stòr A

Teacs atharraichte bho British Archaeology, Iris 54, An Lùnastal 2000.
Air ath-riochdachadh le cead bho Simon Denison.